

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 2 | 2016 | AN GEARRAN

## Facal Toisich

'S iomadh inneal a tha againn nar latha agus bidh daoine a' smaoinichadh nach b'urrainn dhaibh a bhith beò as an aonais. Ma shiùbhlas sinn air bus no air trèan chì sinn gu bheil fòn-làimhe aig a' mhòr-chuid a tha air bòrd agus chan fhàgadh iad an dachaigh mur biodh iad aca. Feadhainn eile agus chan eil fios aca ciamar a rinn iad a' chùis gun choimpiutair.

Nam biodh a' cheist air a cur ormsa dè an t-inneal as fheumaile a tha agam, 's e rud-eigin a tha air a bhith mar phàirt de ar beatha bho chionn iomadh bliadhna a-nis a thaghainn. 'S e sin an ràdio. An-diugh chan eil e 'na iongnadh a dhà no trì de ràdioan a bhith am broinn an taighe, ach aig aon àm 's dòcha nach biodh ach aon dhiùbh anns a' bhaile. Aig àm a' chogaidh bhiodh daoine a' cruinneachadh anns an taigh sin airson na naidheachdan as ùire fhaighinn.

Aon rud a tha a' còrdadh rium mun ràdio agus 's e sin gum faod thu obair eile a dhèanamh fhad 's a tha thu ag èisdeachd ri prògram. Chan urrainn duine sin a dhèanamh cho furasda agus an aire agus an sùilean air an telebhisean ann an oisean an t-seòmair. Bidh daoine nach bi a' cadal ro-mhath a' cur luach air na prògraman a bhios air an craobh-sgaoileadh tron oidhche. Nam bithinn air m'fhògradh leam fhèin gu eilean iomallach bhithinn toilichte nam biodh ràdio agam – agus pailteas bhataraidhean.

Tha farsaingeachd iongantach anns na prògraman a chluinneas sinn air an ràdio. Gheibh sinn mòran fiosrachaidh, mu eachdraidh, mu bhàrdachd, mu ghnòthaicean an t-saoghail mhòir. 'S fìor thoigh leam a bhith ag èisdeachd ri seirbheisean air an t-Sàbaid ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.

Foadaidh sinn innealachd an latha an-diugh a chleachdadh airson maith no uilc. Tha e an urra rinne na h-innealan a tha againn a chur gu feum airson daoine eile a bheannachadh.

**Gach deagh dhùrachd gu robh agaibh,  
Ruairidh MacLeòid.**



**Seo eaglais Chill Mhàilidh anns a' Chorpaich, faisg air a' Ghearasdan. Thogadh an eaglais eadar 1781 agus 1783, agus rinneadh leasachadh oirre eadar 1889 agus 1890. Tha an t-Oll. Urr. Raibeart Corbett 'na mhinistear anns an sgìr seo. Tha seirbheis air a cumail gach Sàbaid ann an eaglais na Corpaich, agus tha taigh-adhradh rud-eigin ùr anns a' Chaol far a bheil seirbheisean gach seachdain. (An dealbh le Tormod MacLeòid.)**

## Cùil nan Ceist

Ged a nì an t-uisge milleadh air amannan, mar a thachair air a' gheamhradh a chaidh seachad, chan urrainn dhuinn a bhith beò as aonais. An turas seo 's e *uisge* an cuspair a tha againn dhuibh. Gheibhear freagairt nan ceist anns na caibideilean a tha sinn ag ainmeachadh agus air an duilleig-chùil.

1. Cò a thug searrag uisge do Hagar? (Genesis, caibideil 21.)
2. Lìon a' bheàrn – “Lìonaibh na —— le uisge.”  
(Soisgeul Eòin, caibideil 2.)
3. Cò a dh'ionnlaid a làmhan le uisge? (Mata, caibideil 27.)
4. Dè a bha mar linne uisge? (Nahum, caibideil 2.)

# Càirdean – 5

Annas an t-sreath seo tha sinn a' meòmhrachadh còmhla air na tha taisgte anns an fhacal shimplidh, *caraid*.

Tha laoidh ainmeil ann a bhios air a seinn ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. Chaidh an dàn spioradail seo a sgrìobhadh le Eireannach air an robh Iòseph Scriven, a bha air a dhachaigh a dhèanamh thall ann an Canada. Bha cuimhne air mar dhuine Crìosdail a bha 'na dheagh charaid do na bochdan. Tha e coltach gun do sgrìobh e an laoidh airson cofhurtachd a thoirt dha mhàthair nuair a bha i a' dol tro shuidheachaidhean duilich 'na beatha.

*O cia caomh an caraid Iosa,  
Ghìulain dhuinn ar lochd 's ar pèin!  
O an t-sochair teachd le ùrnaigh,  
Leis gach cùis ga ionnsaigh fhèin.*

Faodaidh sinn dlùthachadh ri Dia ann an ùrnaigh leis a h-uile feum a tha oirnn, a' tighinn da ionnsaigh mar gu caraid. Agus nuair a thig sinn le ar n-ùrnaighean, tha an t-abstol Eòin a' cur nar cuimhne gu bheil caraid againn anns a' chùirt as àirde a tha ann, a' dèanamh eadar-ghuidhe air ar son. *Tha fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Crìosd, am Fìrean.*

Agus 's ann mar charaid a tha Crìosd air fhoillseachadh dhuinn anns an Sgrìobtaran. Ann an Leabhar nan Gnàth-fhacal tha sinn a' leughadh, *Tha caraid ann a leanas nas dlùithe na bràthair*. Ged a tha na faclan sin sgrìobhte anns an t-Seann Tiomnadh, bidh iad air an ceangal ri beatha agus ri ministrealachd Iosa. *Gràdh nas motha na seo chan eil aig neach sam bith, gun leigeadh duine a bheatha sìos airson a chàirdean*. Seadh, tha Pòl ag ràdh *air dhuinn a bhith nar naimhdean, rinneadh rèidh ri Dia sinn tre bhàs a Mhìc*.

## Tormod Dòmhnallach (1930-2015)

Bha na sgrìobhaidhean aig Tormod Dòmhnallach anns *Na Duilleagan Gàidhlig* a' còrdadh gu mòr ris an luchd-leughaidh agus bha sinn duilich nuair a chuala sinn naidheachd a bhàis anns an Dùbhlachd. Sgrìobh e eachdraidh a bheatha gu h-ealanta agus gu fileanta anns an leabhar mhìorbhaileach sin, *Eadar Clachan Shannda agus Tobar na*

*Màthar*. 'S e leabhar fìor-mhath a tha ann anns a bheil e ag innse gu tarraingeach agus gu fileanta mu làithean 'òige ann an Uibhist a Tuath, a' dol tron fhoghlam ann am Port Rìgh agus anns an oilthigh, na bliadhnan ann am feachd an adhair agus na bliadhnan mòra a' teagasg sgoile agus na rinn e nuair a bha e air chluainidh. Bha e tlachdmhor a bhith ag èisdeachd ris air prògraman ràdio. Duine càirdeil comasach air am bi ionndrain mhòr.

## Am Moderàtor ann an Lunnainn



Thàinig faisg air ceud Gàidheal cruinn ann an talla Lumen ann am Bloomsbury ann an Lunnainn airson coinneachadh ri Moderàtor an Ard-sheanaidh, an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan, agus a bhean.

Fhad 's a bha an sluagh a' tighinn cruinn chluich Alison Zappert fuinn Ghàidhealach air a' chlàrsaich.

Chuir Tormod MacLeòid, fear-cathrach comataidh sheirbheisean Gàidhlig Lunnainn, fàilte air a' Mhoderàtor ann an Gàidhlig agus ann am Beurla, agus fhreagair an t-Oll. Moireasdan anns an dà chànan. Thubhairt e gu robh e 'na thoileachadh mòr dha an cothrom fhaighinn coinneachadh ri uibhir de dhaoine aig an robh ceangal ris a' Ghàidhealtachd a bha a' fuireach air àrainneachd Lunnainn.

Annas an dealbh gu h-àrd chì sibh a' Bhean-phòsda Joyce Seymour-Chalk, a bhuineas do Leòdhas, a' toirt seachad cuaic don Mhoderàtor le sgrìobhadh freagarach, as leth sheirbheisean Gàidhlig Lunnainn.

An dèidh don chuideachd suipear bhlasda a ghabhail, sheinn a' bhean-phòsda Caitriona Cheanadach *Amazing Grace*. Sheinn Anna NicRath òran a sgrìobh an t-Oll. Urr. Tormod MacLeòid, (*Caraid nan Gàidheal*), a bha 'na Mhoderàtor air an Ard-sheanadh anns an naodhamh linn deug, *Farewell to Fuinary*. Mar urram do Chloinn Mhìc Ghille Mhoire sheinn Alasdair Mac Ghille Bhàin à Muile pìosan bàrdachd a bhuineadh don chinneadh. (Ar taing do Thormod MacLeòid a chuir thugainn am fiosrachadh agus an dealbh.)

# Leabhraichean

Chuir Sile NicLeòid seachad a' chuid mhòr de a beatha a' teagasg sgoile ann an Leòdhas. Ach bha ceaglaichean teaghlach aice ri Cnapadal ann an Earra Ghàidheal. Agus 's ann a' baile beag anns an sgìr sin a bha Alasdair MacAilpein a sgrìobh na litrichean air a bheil an leabhar seo stèidhichte.

Gu mì-fhortanach, chan fhaca Sile NicLeòid an leabhar seo air a chlàd-bhualadh. Chaochail i anns a' Ghearran an-uiridh agus an leabhar an ìre mhath ullamh. Ach chuir an duine aice, Dòmhnall, crìoch air an obair a thòisich ise.

Chaidh dà fhichead agus còig de na litrichean a chuir Alasdair MacAilpein dhachaigh gu a theaghlach a lorg le càirdean dha ann an seada ann an Taigh a' Mhuilinn ann an Cnapadal. Tha e coltach nach eil an seo ach pàirt de na litrichean a sgrìobh e dhachaigh eadar 1878 agus 1895, ach gheibh sinn annta boillgsidhean beaga de bheatha an t-sluaigh anns a' bhaile bheag anns an deachaidh àrach a bharrachd air a bhith a' faighinn fiosrachaidh air cò ris an robh beatha an t-seòladair coltach anns an linn sin.

Chan fhaicear an-diugh ach tobhtaichean nan taighean ann an Ach na Sròine, am baile beag far an robh dachaigh Alasdair 'na òige. Nuair a bha

**A' Sgrìobhadh Dhachaigh  
(Writing Home)**

**Air fhoillseachadh le Dolman Scott Ltd. £10**

esan òg bha a' Ghàidhlig làidir anns a' coimhearsnachd agus bha bunaitean spioradail aig beatha an t-sluaigh. Anns na litrichean tha e a' cleachdadh corra fhacal Gàidhlig, agus gnàthasan-cainnte anns a' Bheurla air a bheil blas na Gàidhlig. Sgrìobh e mu na rudan a bha a' tachairt ann an tìrean thall agus mun dragh a bha air mu cho beag spèis agus a bha aig daoine air na dùthchannan air am biodh e a' tadhal.

A' tòiseachadh mar mharaiche cumanta bha Alasdair MacAilpein air a' cheann mu dheireadh 'na chaiptean air soithichean air an robh *Clan Ferguson* agus *Queen Anne*. Air an treas latha fichead den Ghiblean 1895 sheòl an *Queen Anne* à Burma air turas gu Port Said anns an Eiphit. A rèir coltais chaidh an soitheach fodha ann an stoirm agus chan fhacas sgeul tuilleadh air a' Chaiptean MacAilpein no an sgioba. Ach tha an leabhar inntinneach seo mar chuimhneachan air seòladair nach robh ach beagan is leth-cheud bliadhna a dh'aois nuair a chaochail e. Agus tha e 'na chuimhneachan cuideachd air Sile NicLeòid a dheasaich an leabhar agus a rinn rannsachadh cho mòr air Alasdair MacAilpein agus air na h-àiteachan air an do thadhail e.

# An t-Urr. Iain Uidhist Dòmhnallach

Bidh ionndrain air an Urr. Iain Uidhist Dòmhnallach a chaochail anns an Dùbhlachd anns na sgìrean anns an robh e 'na mhinistear agus am measg nan càirdean a bha eòlach air mu thuath agus mu dheas.

Rugadh Iain ann an Cille Chomhghainn ann an 1932 far a bheil cuimhne fhathast air 'athair, an t-Urr. Niall Dòmhnallach, a bha fad sheachd bliadhna deug thar fhichead air ceann a' choitheanail.

An dèidh a dhol don sgoil ann an Cille Chomhghainn agus anns an Oban fhrithheil Iain Dòmhnallach oilthaigh Dhùn Eideann eadar 1953 agus 1960. An dèidh dha cead searmonachaidh fhaighinn bha e air a phòsadh ri coitheanal Shrath Fhaolain ann an 1960. Ann an 1967 ghabh e ri gairm gu Tarboltan ann an siorrachd Air, far an do chuir e seachad an corr de bhliadhnachan a mhinistrealachd gus an do leig e dheth uallach na h-obrach ann an 1997. Ach ged a bha e air uallach coitheanail a leigeil dheth, cha robh e 'na thàmh, oir bhiodh e tric a' cuideachadh ann an coitheanalan a bha gun mhinistear.

## Ministear Ard-eaglais Dhùn Eideann

Leugh sinn aithisg a sgrìobh Tormod MacLeòid à Lunnainn mun Urr. Calum Iain MacLeòid, ministear Ard-eaglais Dhùn Eideann, St. Giles. Tha Tormod ag innse mu na ceanglaichean a tha aig a' mhinistear ri sgrìobh an Rubha ann an Leòdhas.

Rugadh an t-Urr. Calum Iain MacLeòid ann an Glaschu ann an 1967. Bhuineadh 'athair don Chnoc anns an Rubha ann an Leòdhas. Bha buntanas aig a' mhàthair, Cairistiona NicLeòid NicGhilleathain ri eilean Thiriodh. An dèidh dha a dhol tro chùrsa an fhoghlaim bha e 'na

mhinistear cuideachaidh ann an Eaglais Chaluim Chille ann an Lunnainn eadar 1994 agus 1997. O 1997 gus an do ghabh e ri gairm o choitheanal Ard-eaglais Dhùn Eideann bha e air fear de na ministearan ann an Eaglais Chlàireachail ann an Chicago far a bheil coitheanal mòr.

Dh'innis Tormod MacLeòid mu dhithis eile le Gàidhlig a bha 'nam ministearan iomraiteach ann an Ard-eaglais Dhùn Eideann. Bha an t-Urr. Gilleasbaig Mac a' Mhaoilein dà fhichead bliadhna air ceann a' choitheanail gus an do leig e dheth uallach na h-obrach ann an 2013. Thàinig am ministear ainmeil, an t-Urr. Seumas Camshron Lees, gu Ard-eaglais Dhùn Eideann ann an 1877. Thogadh esan ann an Steòrnabhagh.

Thug Tormod dhuinn cunntas air sloinneadh an Urr. Calum Iain MacLeòid. Tha athair a' mhinistear, air a bheil Calum Iain MacLeòid, a' fuireach ann an Glaschu. Bha a sheanair, Aonghas, 'na eiltear ann an Eaglais na h-Alba anns an Rubha, agus a bha a shinn-seanair, Alasdair Chaluim Alasdair, 'na sgiobair air a' bhàth'-iasgaich, *Mùirneag*.

## Cothroman

"Nam biodh d'eachdraidh-sa, a leughadair, air a làn sgrìobhadh, nach faodadh iomadh caibideil dhith bhith air a sgrìobhadh fon tìotal, *Cothroman Caillte?* Annta seo tha 'na laighe earrann nach beag de thiamhaidheachd ar beatha. Chan eil nì a tha a' dùsgadh farrain as gèire na smaoin eachadh air 'Cìod a dh'fhaodadh a bhith.' Tha cothroman mòra a' tighinn dar n-ìonnaigh uile, tha iad a' dol seachad, agus cha ghabh iad toirt air an ais. Chan eil ceist as airidh air rannsachadh dùrachdach na seo, 'Carson a chaill mise cothroman cho òirdheirc? Cionnas a nì m'fhàilneachadh anns an àm a chaidh seachad gliocas a theagasg dhomh airson nan làithean ri teachd?'" **(On *Fhear-tathaich Mhiosail a thàinig a-mach anns an Dhàmhair 1898.*)**

## Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagasg airson a' mhìos seo: "Is beannaichte iadsan a tha neo-lochdach ann an t-slighe." Tha na faclan sin sgrìobhte

anns an naodhamh salm deug thar a' cheud, aig a' cheud rann. (Salm 119:1) Mar a bhios fios againn, 's e seo an salm as fhaide anns a' Bhioball. Cha bhiodh e furasda an salm seo a chumail air chuimhne. Ach tha sailm eile ann a tha nas giorra. Tha iad nas fhasa an cumail air chuimhne. An seo thubhairt an salmadair gu bheil an duine a tha neo-lochdach beannaichte. Ach chan eil duine againn gun lochd. Tha sinn uile nar peacaich. Ach thàinig losa airson ar saoradh a chumhachd a' pheacaidh. Ghabh Esan air fhèin uallach ar peacaidhean.

Nuair a sgrìobh mi seo bha sinn fhathast anns an Dùbhlachd. Bha sinn a' tighinn faisg air an latha as giorra anns a' bhliadhna. Nuair a thig

an iris seo a-mach bidh an latha air fàs nas fhaide. Tha barrachd solais againn a-nis a h-uile latha. Tha an saoghal dorcha seo a' cur feum air solas. Tha dorchadas ann an iomadh àite. Tha dorchadas a' mhi-cheartais ann. Tha dorchadas bochdainn ann. Tha dorchadas a' chogaidh ann. Tha sinn ag ùrnaigh gun tig solas ùr, solas a' cheartais, solas a' cuideachaidh, solas na sìthe gu àiteachan dorcha an t-saoghail. Aig àm na Nollaig bha sinn a' cuimhneachadh air an t-solas ùr a thàinig a-steach don t-saoghal ann am breith losa, Solas an t-saoghail.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Leum an gàrradh far an isle e." (Leap the dyke where it is lowest.) Tha gliocas anns na faclan sin.

Chan eil e math a bhith a' fiachainn ri rudan a dhèanamh a tha thar ar comais. Ma thòisicheas sinn le balla ìosal, 's dòcha gun tèid againn air ballachan nas àirde a shreap. Nuair a bha losa a' teagasg nan deisciobal, thòisich e le rudan furasda, rudan a bha iad a' tuigsinn. Ach beag is beag threòraich e iad gu rudan ùra, rudan na bu duilghe. Leum iad na gàrraidhean ìosal an toiseach. Fhuair iad neart agus creideamh airson na ballachan na b' àirde a leum.

Nuair a thogas cuideigin taigh bidh iad a' taghadh ainm airson an taighe. Bidh sin a' tachairt cuideachd nuair a

cheannaicheas cuideigin taigh ùr. Bidh iad airson ainm ùr a lorg. Uaireannan bidh daoine a' taghadh ainm às a' Bhioball. Bheir daoine ainm a' bhaile air a' Ghàidhealtachd anns an do rugadh iad air an taigh. Chì sinn iomadh taigh le ainm Gàidhlig, ged nach biodh Gàidhlig aig an teaghlach. Nuair a thogadh anns an do rugadh iad air an taigh. Chì sinn iomadh taigh le ainm Gàidhlig, ged nach biodh Gàidhlig aig an teaghlach. Nuair a thogadh anns an do rugadh iad air an taigh. Chì sinn iomadh taigh le ainm Gàidhlig, ged nach biodh Gàidhlig aig an teaghlach. Nuair a thogadh anns an do rugadh iad air an taigh. Chì sinn iomadh taigh le ainm Gàidhlig, ged nach biodh Gàidhlig aig an teaghlach. Nuair a thogadh anns an do rugadh iad air an taigh. Chì sinn iomadh taigh le ainm Gàidhlig, ged nach biodh Gàidhlig aig an teaghlach.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

## Thall 's a-Bhos

### OILEANAICH URA

Bha sinn toilichte a chluinntinn gu bheil barrachd oileanach a' cur romhpa ullachadh airson na ministrealachd. Bho chionn greis cha robh àireamh nan oileanach cho pailt agus a bha e anns na bliadhnan a dh'fhalbh, ach a-nis tha e cho àrd agus a bha e bho chionn naodh bliadhna. Tha sinn a' tuigsinn gu bheil dithis le Gàidhlig am measg nan oileanach ùra. Tha e 'na adhbhar misneachadh gu bheil barrachd dhaoine, fir agus mnathan, a' cluinntinn gairm Dhè gu bhith 'nan teachdairean.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh mu àiteachan anns na Sgrìobtaran far a bheil iomradh air uisge. 1. Abrahàm. 2. Soithichean. 3. Pilat. 4. Sruthan Ninebheh.

### RANN

'S e Crìosd am fuaran saidhbhir,  
Sruth aoibheil, pailt a' ghràidh;  
Làn-beòil san t-saogh'l seo fhuair mi  
De chuantan Tìr an àigh!  
Mar mhuir gun tràigh, gun traoghadh,  
Tha 'thròcair chaomh 's a thruas,

'S tha glòir a' tàmh gu sìorraidh 'n tìr Immanuel shuas.

Thionndaidh Iain Mac Ghille Bhàin iomadh laoidh Bheurla gu Gàidhlig. Seo rann anns an eadar-theangachadh a rinn e den laoidh, *The sands of time are sinking*. Chaidh an dàn a sgrìobhadh le Anna Ros Cousin (1824-1906), a bha pòsda aig ministear anns an Eaglais Shaoir. Tha an laoidh stèidhichte air faclan a sgrìobh agus a labhair Somhairle Rutherford.

### GÀIDHLIG AIG A' CHLEIR

Tha grunn mhinistearan ann an clèir Earra Ghàidheal ag ionnsachadh na Gàidhlig. Aig coinneamh na clèir anns an Dùbhlachd an-uiridh rinn am Moderàtor, an t-Oll. Urr. Coinneach Ros, ùrnaigh ann an Gàidhlig agus leugh an t-Urr. Dùghall Camshron, ministear na Cille Mòire agus an Obain, cuibhreann às a' Bhìoball Ghàidhlig. Bha sinn toilichte a chluinntinn gun do bhuilicheadh OBE air an Oll. Ros aig àm na Bliadhn' Uire. Chuir am Fear-deasachaidh mealadh-naidheachd post-dealain thuige ann an Gàidhlig agus fhuair e freagairt ann an Gàidhlig.

### LEABHAR AIR HIORT

Roimh dheireadh na bliadhna chaidh leabhar tomadach fhoillseachadh mu eilean Hirt. 'S e *St. Kilda: The Last and Utmost Isle*. Tha sùil againn lèirmheas a dhèanamh air an leabhar ann an iris a' Mhàirt. Tha dealbhannan anns an leabhar ùr seo nach robh againn roimhe seo ann an gin de na leabhraichean – agus tha gu leòr dhiùbh ann – a chaidh a sgrìobhadh mun eilean iongantach seo.

### ADHBHAR GAIRE

Bhiodh cothrom air a thoirt don òigridh na Sgrìobtaran a leughadh nuair a bha adhradh-teaghlach air a chumail ann an dachaighean Gàidhealach. Uaireannan cha robh Gàidhlig a' Bhìobaill furasda don cloinn agus dhèanadh iad mearachdan. Bha balach a' leughadh mu *na draoidhean on àird an ear*. Bha fiamh a' ghàire air aodann buill an teaghlach nuair a leugh am fear òg gu neo-chiontach *druidean* an àite *draoidhean*.

## Urnaigh

A Dhè ar Cruthaidhear,  
tha sinn gad mholadh airson  
ràithean eadar-dhealaichte na bliadhna.  
Tha sinn a' toirt taing dhut  
airson àm an earraich,  
nuair a chì sinn dreach ùr  
air aghaidh na talmhainn  
an dèidh làithean dorcha a' gheamhraidh.  
Gum bi sinne a' fàs gu spioradail  
ach am bi sinn a' giùlan toradh an Spioraid.  
Gach ùrnaigh tha sinn a' cur suas  
ann an ainm an Tighearna Iosa Crìosd.

Amen

An dealbh air an aghaidh:

Chì sinn iomadh sealladh mar seo  
anns na h-eileanan  
air bailtean croite ri taobh na mara.  
'S dòcha gun aithnich Sgitheanaich  
gur ann a' coimhead a-mach  
air Tobhta Sgorr ann an ceann a tuath  
Eilean a' Cheò a tha an dealbh seo.